



# BEAIRTEAS

## Seisean 4

Màiri Anna NicUalraig & Babs NicGriogair



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot



# Màiri Anna NicUalraig

## Mary Ann Kennedy



Is i Seinneadair Gàidhlig na Bliadhna 2019 a th' ann am Màiri Anna NicUalraig, a bha cuideachd na Sgrìobhaiche Ùr ann an 2020 le Comhairle nan Leabhraichean agus Urras Leabhraichean na h-Alba. Gàidheal Ghlaschu, le dàimh do Thìrìodh agus dhan Eilean Sgiathanach, tha Màiri Anna mar bhall de theaghlach ainmeil a-thaobh seinn agus b' e ceòl a chuartaich i gu buileach rè a h-àraich. Oideachadh clasaigeach aig àrd-ìre, agus greis a' stiùireadh seirbhis naidheachdan Ghàidhlig a' BhBC, tha i an-diugh na sgrìobhaiche, ceòladair, craoladair agus riochdaire, stèidhicht' an taobh siar na Gàidhealtachd far a bheil i a' ruith Watercolour Music le a cèile is co-cheòladair, Nick Turner.

Chuir i seachad a' mhòr-chuid dhe a beatha a' co-obrachadh le daoine eile. Chuir i Cliar air chois, còmhlan a choisinn àrd-dhuais nan clàr aig Duaisean Ceòl Dùthchasach na h-Alba; choisinn i dà thuras farpais clàrsaich eadar-nàiseanta Lorient, an dà bhonn òr aig a' Mhòd Nàiseanta, agus chaidh duais Crann na h-Alba a bhuileachadh oirre airson a h-obrach, Lasair Dhè.

Ann an 2017, nochd a ciad cruinneachadh de dh'òrain ùr is ùr-nodha air a' chlàr, *An Dàn* air ARC Music. Nochd an dàrna clàr, *Glaschu* ann an 2019.

*Mary Ann Kennedy is a Gael brought up in the urban diaspora of Glasgow, with roots in the islands of Skye and Tiree. She was brought up in a multicultural part of the city, where a mother-tongue that was not English was the norm. Her mother's family are well-known Gaelic tradition bearers, but she also trained as a classical musician at the Royal Conservatoire of Scotland and the Royal Northern College of Music in Manchester. She earned her broadcasting chops in BBC news, before returning to a freelance life combining music, radio and television.*

*Mary Ann is co-director of the highly successful residential studio and creative hub, Watercolour Music, in the West Highlands. She was Gaelic singer of the Year at the 2019 Scottish Traditional Music Awards, and a New Writer awardee with the Scottish Books Trust in 2020. Having performed on and produced over 40 albums in her career, she has now released two solo albums internationally on ARC Music – 'An Dàn' (The Song/Destined, 2017) and 'Glaschu - Hometown Love Song' (2019). She helps brew award-winning beer in the local artisan microbrewery where she can also be found on a Friday night turning pizza chef.*



# Babs NicGriogair

## Babs MacGregor



'S e "Stornoweegie" a th' ann am Babs NicGriogair – rugadh iad ann an Steòrnabhagh, agus chaidh an dèanamh ann an Glaschu – measgachadh àraid de fhraoch bhog, speuran farsaing, craic cruthachail agus cabhsairean cruaidh.

Mar bhall den cho-obrachadh bìdhe Baile Uaine airson còrr is fichead bliadhna, tha iad ceart cho cofhurtail air truca forklift 's a tha iad air sgrìobhadh criomagan bàrdachd. An sàs ann an iomadh strì airson sìth agus ceartas tro na bliadhnachan, bidh iad ri lorg a-nis a' cur taic ri iomairtean coimhearsneachd anns an sgìre aca fhèin (Woodlands) agus ri Ceòl is Craic (prìomh bhuidheann ealain nan Gàidheal ann an Glaschu).

Tha mac is cù a' cumail Babs a' dol cuideachd, agus ma bhios greiseag ann, bidh iad a' faighinn tlachd bho bhaidhseagan, leabhraichean, gaol agus ceòl.

*Babs Nicgriogair is a Stornoweegie – born in Stornoway, made in Glasgow – a strange hybrid of heathery Hebridean softness and big skies, gritty Glaswegian wit and mean streets.*

*A member of the Greencity Wholefoods Worker Co-operative for more than 20 years, they would consider themselves (when not driving a forklift truck) as a worker-poet, a socio-political and cultural activist, most recently with Woodlands Community and Ceòl is Craic, (Glasgow's dynamic Gaelic-language arts organisation).*

*A mother to a son and an adopted Staffordshire Bull Terrier, Babs gets their kicks from bikes, books, power ballads and the occasional boogie.*

